



University of the
Highlands and Islands
Oiligh na Gàidhealtachd
agus nan Eilean

Semeastar 1 2013-14

BA Cànan is Cultar na Gàidhlig
MA Gàidhlig le Foghlam

| | |
|----------------------|--|
| Module Title: | Dualchas Gàidhlig (Gaelic Traditional Culture) |
| Module Code: | UQ509829 |
| Day and Date: | Thursday 12 December 2013 |
| Time: | 13.30 – 16.30 |

'S fhiach an deuchainn seo 50% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodail.

Fiosrachadh:

Chan eil leabhraichean, ach faclairean, ceadaichte airson na deuchainn seo idir is chan fhaodar stuth sgrìobhte sam bith a thoirt a-steach do sheòmar nan deuchainnean.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn.

Faodar **notaichean** a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

Feumaidh tu peann **dubh no gorm** a chleachdadh.

A' crìochnachadh do dheuchainn:

Tha 8 ceistean san deuchainn seo agus feumaidh tu **3** a fhreagairt, **1** bho Roinn A Luchd-cruinneachaidh, agus **2** bho dhà Roinn eile.

Cuir an **àireamh oileanach** agad agus an **ionad-mheasaidh** a-mhàin air beulaibh gach leabhar-freagairt.

Na cuir d' ainm air pàirt sam bith den leabhair.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an ceartachadh.

A. Luchd-cruinneachaidh

1. Tha Iain òg Ìle, Iain Francis Caimbeul, aithnichte mar dhuine air leth cudromach ann an saoghal dualchas na h-Alba. Dèan iomradh air a bheatha agus luach na h-obrach a rinn e, agus mìnich carson a tha e fhathast na dheagh eisimpleir do dhaoine eile a tha an sàs san obair seo.
2. Tha Carmina Gadelica/Ortha nan Gàidheal ainmeil taobh a-muigh crìochan na Gàidhealtachd. Mìnich carson a tha nan leabhraichean sin cho tarraingeach ri daoine, agus beachdaich air na ceistean a tha eòlaichean Gàidhlig air togail mun dòigh-obrach aig Alasdair MhicÌlleMhicheil.

B. Teòiric agus Dòighean-obrach

3. Tha agallamh agus clàradh bunaiteach ann an obair dualchais. Beachdaich air na dòighean anns am b' urrainn don neach-rannsachaidh dèanamh cinnteach gum bi cùisean cho èifeachdach 's a ghabhas, a' gabhail a-steach an teicneolas ùr.
4. Dh'fhaodar a ràdh gun deach a' chuid as motha de sheann sgeulachdan is òrain 's a leithid a chruinneachadh mar thà. Dè na roinnean anns an urrainn do bheul-aithrisiche a bhith ag obair san là an-diugh agus carson a tha e cudromach gum bi daoine fhathast a' clàradh 's a' cruinneachadh stuth?

C. A' Bheatha Làitheil

5. An Àirigh: bha àite sònraichte aig an àirigh ann am beatha nan Gaidheal anns na làithean a chaidh seachad. Dèan iomradh air na beachdan a bha aig daoine air àirighean le bhith a' tarraing eisimpleirean à òrain, sgeulachdan no fiosrachadh bho leabhraichean agus beachdaich air carson a chaidh an cleachdadh seo à bith.
6. Dè na deas-ghnàthan a bha co-cheangailte ri suirghe agus pòsadh? Dèan iomradh orra le bhith a' toirt eisimpleirean agus beachdaich air an fheallsanachd a bha air an cùl. Dh'fhaodadh tu coimeas a dhèanamh eadar suirghe is pòsadh bho chionn fhada agus san latha an-diugh.

D. Creideamh agus Cleachdaidhean

7. Thoir iomradh air an dà shealladh. Bu chòir dhut fiosaichean ainmeil ainmeachadh agus innse mu chuid de na rudan a chunnaic iad agus a thuirt iad.
8. Bha mòran dhaoine air a' Ghàidhealtachd a' creidsinn anns an Droch Shùil. Dèan iomradh air rudan a dh'fhaodadh tachairt agus na dòighean a bha aig daoine gus an droch bhuaidh a bhriseadh. Bu chòir dhut toirt tarraing air sgeulachd no dhà.